

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Fearchar Lighiche (4)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,167. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 863 corresponds to Litir 1,167.

Ann na Litrichean mu dheireadh, bha mi ag innse dhuibh mu Fhearchar Lighiche. Thug mi iomradh cuideachd air na Peutanaich no Clann 'ic Bheatha a bha ainmeil mar lighichean Gàidhealach fad ceudan bhliadhnaichean. Tha sgeulachdan mu na Peutanaich ann am beul-aithris ach 's e fìor dhaoine a bha annta. Dè mu Fhearchar Lighiche, ge-tà? An ann do bheul-aithris a-mhàin a bhuineadh esan?

Thug Màiri Beith nach maireann sùil air an eachdraidh. Bha Màiri cuideachd mion-eòlach air gnàthasan-leighis nan Gàidheal, agus sgrìobh i an leabhar sgoinneil 'Healing Threads'. Fhuair i a-mach gun robh caractar dha-rìribh ann a bhiomaid ag aithneachadh mar Fhearchar Lighiche.

Tha cairt-rìoghail aig Rìgh Raibeart II, a chaidh fhoillseachadh ann an trì cheud deug, seachdad 's a naoi (1379). Tha i a' toirt seachad fearann ann an Taobh Mhealanais agus Hòb ann an Dùthaich MhicAoidh dha 'Ffercado medico nostro'.

Seachd bliadhna an dèidh sin, tha cairt eile a' toirt seachad grunn eileanan eadar Rubha an Stòir ann an Asainte agus Armadal air a' chosta mu thuath. Agus cò fhuair am fearann? Fhuair 'our esteemed and faithful leech Fearchar'. Tha leech a' ciallachadh 'lighiche'.

Tha e soilleir gu bheil am Fearchar ann am beul-aithris stèidhichte air fear a bha beò anns a' cheathramh linn deug. Agus bha e ann an seirbheis an Rìgh fad ùine oir fhuair e am fearann 'for his service done and to be done to us'. Tha e a' coimhead coltach gu bheil an Rìgh le cas ghoirt anns an sgeulachd a' riochdachadh Rìgh Raibeart II.

Ann am beul-aithris, bha na h-eileanan a fhuair Fearchar eadar Rubha an Stòir ann an Asainte agus an Rubha Dearg ann an Arcaibh. Math dh'fhaodte gu bheil Arcaibh mearachdach, ge-tà, agus nach deach am fearann a fhuair Fearchar **ann an dha-rìribh** na b' fhaide sear na Rubha an t-Srathaidh air a' chosta mu thuath.

Tha Màiri Beith ag innse dhuinn mu litir le Seumas Loch, bàillidh droch-chliùiteach aig **Morair Chat** anns an naoidheamh linn deug. Tha Loch ag aithris mun fhearann a thug Rìgh Raibeart gu 'Farquhar his Physician'. Ann an còig ceud deug 's a h-aon-deug (1511) fhuair Clann 'ic Aoidh na seann oighreachdan bho fhear, Dòmhnall Mac Dhonnchaidh à Taobh Mhealanais. Bhathar ag aithris gun robh Dòmhnall am measg sliochd Fhearchair Lighiche.

Tha an Seann Chunntas Staitistigeach a' cur ris an sgeul. Bha 'Ferchard' na lighiche ainmeil a bh' air leigheas a thoirt do dh'fhear de rìghrean Stiùbhartach na h-

Alba. Fhuair Fearchar sealbh air na h-eileanan beaga eadar Rubha an Stòir ann an Asainte agus Stròma faisg air Taigh 'an Ghròt.

Tha an cunntas seo cuideachd ag innse dhuinn mar a fhuair Fearchar fearann air tìr-mòr. Bha e na lighiche do na h-uachdarain, Clann 'ic Aoidh Fàrr. Rinn iadsan suaip le Fearchar. Thug iad fearann dha air tìr-mòr, agus ghabh iad fhèin smachd air na h-eileanan.

A bheil cuimhne agaibh, anns an Litir mu dheireadh, gun robh mi a' dèanamh coimeas eadar sgeulachd Fhearchair agus an nathair gheal agus Clann 'ic Bheatha – na Peutanaich, lighichean ainmeil ann an Ìle? Uill, tha an Seann Chunntas Staitistigeach ag innse dhuinn gum b' e an cinneadh aig Fearchar – Peutan – agus gum buineadh e a dh'Ìle!

* * * * *

Faclan na Litreach: lighiche: *physician, healer*; Peutanaich no Clann 'ic Bheatha: *Beatons*; cairt-rioghail: *royal charter*; Rìgh Raibeart II: *King Robert II*; a' riochdachadh: *representing*; Clann 'ic Aoidh Fàrr: *the Mackays of Farr*; suaip: *swap*.

Abairtean na Litreach: An ann do bheul-aithris a-mhàin a bhuneadh esan?: *did he belong only to oral tradition*; thug Màiri Beith nach maireann sùil air an eachdraidh: *the late Mary Beith looked at the history*; mion-eòlach air gnàthasan-leighis nan Gàidheal: *extremely knowledgeable about the Gaels' healing customs*; gun robh caractar dha-rìribh ann a bhiomaid ag aithneachadh mar X: *that there was a real character that we would recognise as X*; fearann ann an Taobh Mhealanais agus Hòb ann an Dùthaich MhicAoidh: *land in Melness and Hope in the Mackay Country (N Sutherland)*; grunn eileanan eadar Rubha an Stòir ann an Asainte agus Armadal air a' chosta mu thuath: *several islands between Stoer Point in Assynt and Armadale on the N coast*; stèidhichte air fear a bha beò anns a' cheathramh linn deug: *based on a man who lived in the fourteenth century*; math dh'fhaodte gu bheil Arcaibh mearachdach: *perhaps Orkney is mistaken [a mistake]*; am measg sliochd X: *among the descendants of X*; tha an Seann Chunntas Staitistigeach a' cur ris an sgeul: *the Old Statistical Account adds to the story*; Stròma faisg air Taigh 'an Ghròt: *Stroma near John O' Groats*; ghabh iad fhèin smachd air na h-eileanan: *they themselves took control of the islands*; ag innse dhuinn gum b' e an cinneadh aig Fearchar – Peutan – agus gum buineadh e a dh'Ìle: *tells us that Fearchar's clan name/surname was Beaton and that he hailed from Islay*.

Puing-chànain na Litreach: bàillidh droch-chliùiteach aig **Morair Chat**: *the Duke of Sutherland's factor of ill-repute. Many Gaels today would refer to the holder of this title as Diùc Chataibh but I have here used an older term that literally means 'lord of cats', reinforcing the ancient totemic connection between the people of Caithness and East Sutherland (collectively) and the wildcat. The cat reference also gives us Cataibh and Caithness.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: nach deach am fearann a fhuair Fearchar **ann an dha-rìribh** na b' fhaide sear na Rubha an t-Srathaidh: *that the land that Fearchar obtained did not in reality go further east than Strathy Point.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA